

# Dè th' ann an diosleagsia?


Tha taic a dhìth gus dèanamh cinnteach nach cuir diosleagsia bacadh air clann is inbhich. Mar as luaithe a dh'aithnichear e, 's ann as fheàrr. Le taic a bharrachd agus teagasg èifeachdach, faodaidh daoine le diosleagsia soirbheachadh nan cuid ionnsachaidh agus cur ri cùisean gu h-èifeachdach is le misneachd. Tha diosleagsia a' toirt buaidh air conaltradh, agus tha e eadar-dhealaichte bho neach gu neach. Chan e duilgheadas a th' ann le leughadh is sgrìobhadh a-mhàin agus chan eil e mar chomharra air dìth chomais.

Tha sinn a' meas gu bheil 1 neach às gach 10 le diosleagsia. Tha diosleagsia ri lorg anns a h-uile cultar agus suidheachadh eaconomach, agus aig a h-uile ìre comais. Tha e dualach ann an cuid de theaghlachan agus tha e air a chlàradh mar chiorram fo Achd na Co-ionannachd. Mur an aithnichear e, bidh buaidh air fèin-spèis, cudrom inntinne, giùlan agus ìrean soirbheachais.

## Nearan co-cheangailte re diosleagsia

## Laisean co-cheangailte ri diosleagsia

Math air rudan cruthachail agus gnìomhan pragtaigeach



Duilgheadasan le leughadh, gabhail notaichean agus cumail àireamhan, ainmean is mion-fhiosrachadh air chuimhne

Math air dealbhadh san inntinn, me tuigsinn 3D, faicinn ceangal eadar plana is structar



Duilgheadasan cumail ris an uair is le rianachd ùine, rianachd obrach msaa

Math air labhairt agus faighinn air aghaidh le daoine eile



Duilgheadasan le obair sgrìobhte, me litreachadh

Math air fuasgladh cheistean, is smaointinn ann an dòighean diofraichte



Duilgheadasan le cuimhne, is le òrdachadh, me toirt/leantainn stiùireadh

**Tha e cudromach gun cuimhnich sinn gu bheil gach neach le diosleagsia eadar-dhealaichte le diofar nearan is laisean agus gun cuidich diofar inleachdan iad.**

Ann an 2009, ràinig Riaghaltas Alba, Diosleagsia Alba agus Buidheann Thar-Phàrtaidh Diosleagsia Pàrlamaid Alba aonta air ciamar a bu chòir diosleagsia a mhìneachadh: “Gabhaidh diosleagsia a mhìneachadh mar speactram dhuilgheadasan a thaobh a bhith ag ionnsachadh leughadh is sgrìobhadh, a leanas a dh'aindeoin chothroman ionnsachaidh iomchaidh. Chan eil na duilgheadasan seo a rèir comas inntinn an neach, no mar chomharra air comas ann an raointean eile. Faodaidh a' bhuidheann a th' aig diosleagsia mar bhacadh air ionnsachadh a bhith nas motha no nas lugha a rèir na h-àrainneachd teagaisg is ionnsachaidh, oir tha duilgheadasan eile gu tric an co-cheangail ris.” (Tha am mìneachadh slàn air làraich Diosleagsia Alba).

### **Dè an taic a tha iomchaidh?**

Bu chòir a bhith mothachail do stoidhle ionnsachaidh agus feumalachdan gach pàiste no inbhich fa leth. Uaireannan gheibhear fuasgladh sìmplidh is èifeachdach le bhith ag iarraidh air an neach le diosleagsia dòighean-obrach a mholadh. Seo cuid de rudan a dh'fhaodas cuideachadh:

- Aithne thràth agus taic iomchaidh cho luath 's a ghabhas
- Taic co-aoise le gnìomhan leughaidh/sgrìobhaidh
- Cothrom mapaichean-inntinne no clàran-srutha a chleachdadh airson stiùireadh-phròiseactan
- Riochd grafaigeach airson gnìomhan agus stiùireadh a dh'fheumas neach gu cunnbhalach
- Tar-laighean agus pàipear dathach
- Teicneòlas fiosrachaidh (ICT) airson leughaidh, sgrìobhaidh agus clàradh fiosrachaidh.

Tha fiosrachadh sa ghoireas air-loidhne 'Addressing Dyslexia' mu thaic do chlann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig [www.addressingdyslexia.org.uk](http://www.addressingdyslexia.org.uk)

### **Tuilleadh fiosrachaidh**

- Dyslexia: A Beginner's Guide le Nicola Brunswick
- Dyslexia and Us: cruinneachadh de sgeulachdan pearsanta bho Dhiosleacsia Alba
- Tha Diosleagsia Alba air grunn bhileagan fhoillseachadh mu dhiosleacsia. Feuch [www.dyslexiascotland.org.uk](http://www.dyslexiascotland.org.uk)

**Cobhair-fòn** 0344 800 8484 **no** [helpline@dyslexiascotland.org.uk](mailto:helpline@dyslexiascotland.org.uk)

